

## Bòrd MG ALBA

15/6/23

Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Iain Moireasdan, Calum MacLeòid, Marion Nic na Ceàrdaich, Iain Mac a' Mhaoilein,  
Lisa Annette, Rhoda NicDhòmhnaill, Ingrid NicEanraig

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)

Maireadh Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)

Ealasaid Dhòmhnallach [EMD] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)

Donnie Dhòmhnallach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)

Kathryn NicAoidh [KN] (Neach-taic Ionmhais)

Sarah NicDhòmhnaill [SMD] (Cunntasair) airson 14-deireadh

Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

David Smith [DS] & Stephen Little [SL] (Creative Scotland) - puing 10

Mairead Màiri Mhoireach [MM] (Ceannard Seirbheis BBC ALBA) – puingean 10-13

Steve Carson [SC] (Stiùiriche BBC Scotland) – puingean 12 & 13

Chaidh meal-a-naidheachd a chur air Ceit-Anna NicLeòid 's i air balach beag fhaighinn. Chaidh fàilte a chur air KN chun chiad choinneamh aice.

### **1. Leisgeulan**

1.1 Ceit-Anna NicLeòid agus Màiri Kidd.

### **2. Gnothach dearbhte**

2.1. Cha robh gin.

### **3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh agus gnothaichean ag èirigh**

3.1. 9/3/23 & 29/3/23 – molaichte le Ingrid NicEanraig agus daingnichte le Rhoda NicDhòmhnaill.

3.2. GAE – comharraichte.

#### **4. Comataidhean**

- 4.1. *Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh* - chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do gheàrr-chunntas de choinneamh 25/5/23; Aithisg na Comataidh airson 2022/23; Fèin-mheasadh na Comataidh airson 2022/23 agus Plana-obrach na Comataidh airson 2023/24.
- 4.2. **Co-dhùnadh:** 1) bha buill riarachta leis a' gheàrr-chunntas agus plana obrach airson 2023/24; 2) bha buill riarachta gu robhas a' làimhseachadh am frèama-obrach dearbhaidh air clàr na coinneimh.
- 4.3. *Comataidh Lèirsinn* - chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do gheàrr-chunntas de choinneamh 22/5/23 agus Plana-obrach na Comataidh airson 2023/24. Chaidh a chomharrachadh le Cathraiche na Comataidh gu bheil a' Chomataidh gu bhith a' coimhead ri teicneòlas na h-ama ri teachd, mar a tha sinn a' glacadh buaidh eaconomach, mar a dh'fheumas na KPlan ùrachadh gus innse mun adhartas a thathas a' dèanamh le amasan ro-innleachdail na buidhne agus le Iomadachd (Diversity) agus In-ghabhaltas (Inclusion).
- 4.4. **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta leis a' gheàrr-chunntas.

#### **5. Aithris a' Chathraiche**

- 5.1. Dh'innis an Cathraiche gu robh e toilichte gu robh cùisean a' gluasad gu math le cùmhnant Spòrs; gu robh dùil aige coinneachadh ri luchd-poilitigs; gu bheil e fhèin agus oifigearan dol a leantainn le conaltradh le Bòrd na Gàidhlig; gu bheil fianais ga thoirt seachad aig Comataidh Thaghte DCMS air 20/6/23 agus gu do nochd John Nicolson BP (ball de Chomataidh Thaghte DCMS) ùidh ann a bhith 's docha a' cumail coinneamh den Chomataidh sna Hearadh; gu robh e fhèin, an t-Àrd-Oifigear agus Ceannard Sheirbheisean Gàidhlig a' BhBC air latha a chur seachad aig a' chraoladair Basgach EITB agus gu robh iad an làthair aig co-labhairt Circom nan craoladairean Eòrpach agus gun tèid cumail a' dol a' bruidhinn riutha; chuir e meal-a-naidheachd air na duaisean a chaidh a chosnadh aig Duaisean RTS agus aig an Fhèis Cheilteach agus mu dheireadh gun deach tachartas luchd-ùidh ann an Steòrnabhagh air 14/6/23 gu math agus chaidh taing a bhuileachadh air an sgioba a bha ag obair air.
- 5.2. **Co-dhùnadh:** Bha buill riarachta.

#### **6. Aithisg an AO + SAS**

- 6.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air na nithean a tha air aire an Àrd-Oifigear agus an Sgioba Àrd-Stiùiridh an-dràsta.
- 6.2. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air Aithisg an AO dhearbha am Bòrd gun do ghabh iad fainear do Aithisg an Àrd-Oifigear agus an Sgioba Àrd-Stiùiridh.

## **7. Dèanadas agus Cunntasan Q4**

- 7.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air Coileantachd amasan (KPlan) a' Phlana Obrachaidh bliadhnail; agus coileantachd bhuidseatan mu choinneimh a' Phlana Obrachaidh bhliadhnail.
- 7.2. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air Aithisgean Dèanadais na ràithe mu dheireadh, agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail agus ceistean a chur dhearbhadh am Bòrd gun do ghabh iad fainear de dh'aithisgean air ìrean coileantachd amasan agus bhuidseatan MG ALBA airson an ràithe suas gu 31 Màrt 2023 agus gu robh na prìomh phuingean leasachaidh air an comharrachadh agus fo phlana gnìomh.

## **8. Clàr Riosgan & Frèam-obrach dearbhaidh**

- 8.1. Bha pàipear agus Clàr nan Riosgan air beulaibh bhall.
- 8.2. Chaidh aithneachadh gu robh na prìomh riosgan air an aithris san ro-ràdh a bha sna pàipearan coinneimh.
- 8.3. Chaidh aithneachadh gus am bi toraidhean lèirmheas a' BhBC rim faighinn gu robh e duilich ùrachadh a dhèanamh air cuid de na riosgan.
- 8.4. Chaidh aontachadh gu robh am Frèam-obrach dearbhaidh feumail bho thaobh riaghlachas.
- 8.5. Chaidh miann a chur an cèill gum biodh aithisg Riosg shònraichte ann airson a' Bhùird a bhiodh a' gabhail a-steach an obair a bha a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh air a dhèanamh mu thràth, agus a bhiodh a' seòrsachadh na Riosgan eadar an fheadhainn bhon taobh a-muigh air nach robh smachd, no mòran buaidh, agus an fheadhainn bhon taobh a-staigh.
- 8.6. Thèid beachdachadh air dòigh taisbeanaidh Clàr nan Riosgan airson adhbharan Bùird.
- 8.7. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail do na puingeon a thog a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh mun Chlàr Riosgan, agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail air Dashboard Frèam-obrach Dearbhaidh dhearbhadh am Bòrd gu robh iad riarachaidh gu robh na riosgan a bha fa chomhair na buidhne aithnichte gu h-ìomchaidh agus, chun na h-ìre a tha comasach, air an lùghdachadh le gnìomh no le leasachadh; agus dhearbhadh am Bòrd gu robh iad riarachaidh le na prìomhachasan dearbhaidh a bhathas ag aithneachadh ann an Dashboard Frèam-obrach Dearbhaidh.

## **9. Inbhe nam meadhanan Gàidhlig**

- 9.1. Chaidh mìneachadh leis an Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh, mar a chaidh innse ann an ro-ràdh na coinneimh, gu bheileas aig crois-rathaid airson nam meadhanan

Gàidhlig. Thathas feumach air fuasgladh poiliteach agus fuasglaidhean obrachaidh. Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh ghnòthaichean bho sheadh poiliteach, a' mìneachadh an inbhe làithreach le na prìomh luchd-ùidh aig a bheil comas air atharrachadh mòr a dhèanamh air ar saoghal le aithne gu bheil e riatanach gun toir sinn buaidh thairis air a' mhìos agus air na 12 mìosan a tha romhainn.

9.2. Bha aithne ann gu robh coinneamhan a' tighinn an àrd a dh'fhaodadh piseach a thoirt air cùisean.

9.3. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad a chumail; agus an dèidh do bhuill molaidhean a thabhann, dhearbhadh am Bòrd gu robh iad fiosraichte mu shuidheachadh chùisean thaoibh a-muigh agus gu robh iad air molaidhean a thabhann a chuireadh ri soirbheas na h-iomairt airson inbhe a ghèidheadh do na meadhanan Gàidhlig.

## 10. Dràma – taisbeanadh bho Sgrìn Alba

10.1 Chaidh fàilte a chur air DS agus SL bho Sgrìn Alba chun na coinneimh.

10.2 Rinn Sgrìn Alba taisbeanadh air na h-amasan ro-innleachdail aca agus, an luib eile, thug iad seachad co-theacsa mu riochdachadh dràma telebhisein ann an Alba agus mar a tha dràma Ghàidhlig a' freagairt orra. Chaidh iomradh a thoirt air a' phròiseact dràma sònraichte a bha ri thighinn na fhaide air adhart air clàr na coinneimh.

10.3 Chaidh deasbad a chumail air an Ro-innleachd aig Sgrìn Alba suas go 2030, maoineachadh bhon BFI airson sgilean a bha ri fhaicinn ann an sgeama trèanaidh a bha a' dol ann an co-bhonn le MG ALBA agus Solus Productions timcheall air An Clò Mòr 2, agus air am fòcas mòr a bha iad gu bhith a' cur air foghlam film, le pileatan a' dol air feadh Alba.

10.4 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad a chumail dhearbhadh am Bòrd gu robh iad fiosraichte agus gu robh iad air ceistean a chur agus freagairtean fhaighinn a bha a' cur ris an tuigse aca air ro-innleachd Sgrìn Alba airson drama telebhisein ann an Alba agus an ceangal a bha ann le dràma Gàidhlig.

## 11. Dràma – plana BBC ALBA

11.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh plana gnìomh airson dràma Gàidhlig agus leasachadh dha rèir.

11.2. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad a chumail dhearbhadh am Bòrd gu robh iad fiosraichte agus taiceil don t-sealladh a bha ann airson drama Gàidhlig sna 3 bliadhna air thoiseach.

## **12. Roinn Solarachaidh**

- 12.1. Chaidh failte a chur air SC chun choinneimh.
- 12.2. Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh gu robh rannsachadh air roinn solarachaidh MG ALBA/BBC ALBA mar aon de amasan ro-innleachdail a' Phlana Corporra 2023-26.
- 12.3. Chaidh Charlotte Wilson Research a chur an dreuchd agus chaidh na co-dhùnaidh eadar-amail aca a dheasbad.
- 12.4. Chaidh innse gu robh an rannsachadh a' faicinn cunnart (a) gu robh beàrn a' fosgladh suas eadar comas is miann na roinne cruthachail agus na nithean a bha an luchd-cleachdaidh ag iarraidh; agus (b) gu robh an roinn chruthachail, san fharsaingeachd, ag ràdh gu robh iad a' sireadh leantainneachd.
- 12.5. Bha beachd ann nach robh na bh' air beulaibh bhall a' coimhead cruth-atharrachail gu leòr.
- 12.6. Chaidh deasbad a chumail air astar a' ghluasaid gu didseatach agus an fheum airson conaltradh agus ro-innleachd soilleir bho ar taobh-ne.
- 12.7. Thig Charlotte Wilson Research chun na h-ath choinneimh ma bhios sin iomchaidh.
- 12.8. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad a chumail dhearbh am Bòrd gu robh iad fiosraichte agus gu robh iad a' coimhead air adhart ri aithisg slàn aig an ath choinneimh.

## **13. Com-pàirteachas BBC ALBA - lèirmheas**

- 13.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt fiosrachadh às ùr do bhuill mu adhartas le sgrùdadh compàirteachais BBC ALBA agus sheall MM taisbeanadh.
- 13.2. Chaidh bruidhinn air naidheachdan agus cùisean làitheil agus gu robh planaichean ann cruth atharrachadh a thoirt air naidheachdan, gu h-àraidh air-loidhne le sùil air 'digital first' airson naidheachdan Gàidhlig.
- 13.3. Chaidh bruidhinn mu chiall an fhacal "global" ann an co-theacsa BBC ALBA, agus mun t-amas airson aonta ùr eadar MG ALBA agus am BBC ro dheireadh na bliadhna.
- 13.4. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad iomlan a chumail agus an dèidh do bhuill molaidhean a thabhann, dhearbh am Bòrd gu robh iad fiosraichte agus gun do thabhann iad comhairle.
- 13.5. **Gnìomh:** thig pàipear gu coinneamh an Dàmhair. (MC)

## **14. Cunntasan Reachdail 2022-23**

- 14.1. Thug SMD seachad taisbeanadh air na cunntasan reachdail agus bha iad air am moladh le Cathraiche Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh.

- 14.2. Chaidh innse gu bheil na siostaman ionmhais a' gluasad an taobh cheart agus gu robhas ag obair a' neartachadh "Luach an airgid" le fianais dha iarraidh taobh a-staigh am frèam-obrach.
- 14.3. Le dleastanas ag atharrachadh le cuideigin a bharrachd san sgioba ionmhais, ni SMD an tuilleadh obrach air ro-innleachd ionmhais agus eaconamach.
- 14.4. **Co-dhùnadh:** dh'aontaich am Bòrd na Cunntasan Reachdail airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2023.

## 15. Aithisg Bhliadhnail 2022-23

- 15.1. Bha pàipear air beulaibh bhall le teacsa na h-Aithisg Bhliadhnail airson aonta.
- 15.2. **Co-dhùnadh:** dh'aontaich am Bòrd teacsa na h-Aithisg Bhliadhnail airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2023.

## 16. Ùghdarras – An t-Eilean

- 16.1. Choimhead am Bòrd air iarrtas airson an ùghdarras aca a thoirt seachad fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2 airson prògraman seachad air £100,000 san uair.
- 16.2. Bha pàipear air beulaibh bhall a' moladh gun toir am Bòrd seachad ùghdarras airson £[fios glèidhte] a chosg air coimisean airson 4 x 50 mionaidean de drama bho Black Camel Pictures airson sreath 4 x 50 "An t-Eilean".
- 16.3. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad iomlan a chumail, agus an dèidh do bhuill comhairle a thabhann, thug am Bòrd ùghdarras seachad fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2 airson sreath drama "An t-Eilean" bho Black Camel Pictures.

## 17. Pannal Rannsachaidh

- 17.1. Tha MG ALBA air a bhith a' cumail pannal rannsachaidh bho 1992. Leis a' chùmhnaidh sin a' tighinn gu crìoch aig deireadh an t-Sultain 2023, chaidh innse gun deach cuireadh gu tagradh fhoillseachadh air 9/6/23.
- 17.2. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad a chumail agus an dèidh do bhuill molaidhean a thabhann, dhearbhadh am Bòrd gu robh iad fiosraichte agus air molaidhean a thoirt seachad a dheigheadh a chur gu feum ann am pròiseas taghaidh an t-solaraidhe.

## 18. Plana Chorpóra 2023-34 gu 2025-26

- 18.1. Bha pàipear agus am Plana air beulaibh bhall. Chaidh innse gu robh am Plana gu math farsaing a thaobh an dàrna agus an treas bliadhna, ri linn na h-uiread a bha ag atharrachadh agus a dh'fhaodadh crochadh air ùrachadh co-bhanntachd BBC ALBA.
- 18.2. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad a chumail agus an dèidh do bhuill molaidhean a thabhann, chomharraich am Bòrd gu robh iad fiosraichte mun phlanadh corporra airson na h-ath trì bliadhna.
- 18.3. **Gnìomh:** thig tionndadh ùraichte gu coinneamh an Dàmhair. (DC)

## 19. Plana Obrachaidh 2023/24

- 19.1. Bha pàipear air beulaibh bhall. Chaidh mìneachadh gu robhas air £200k a bharrachd fhaighinn na bha sa Phlana agus gun deigheadh seo fhisge a-steach nuair a bhathas a' cumail lèirmheas leth-bliadhna air buidseatan.
- 19.2. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad a chumail agus an dèidh do bhuill molaidhean a thabhann, dhearbhaich am Bòrd gu robh iad fiosraichte mu shuidheachadh a' Phlana Obrachaidh.
- 19.3. **Gnìomh:** thig pàipear gu coinneamh an Dàmhair. (DC)

## 20. Clàr-ama / cinn-là

- 20.1. Bha pàipear air beulaibh bhall.
- 20.2. Chaidh a chomharrachadh cho math 's a chaidh tachartas luchd-ùidhe air 14/6/23.
- 20.3. **Co-dhùnadh:** ghabh am Bòrd fainear.

## 21. GISBE

- 21.1. Sheall DC taisbeanadh co-cheangailte ri Com-pàirteachas Susbaint Coimhearsnachd (Community Content Partnerships). B' e am moladh air beulaibh bhall a dhol an sàs san iomairt seo, far an deigheadh obraichean cruthachail an toirt seachad ann an coimhearsnachdan eileanach. Bidh e a' sgaoileadh mothachadh air obair dheatamach bhuidhnean coimhearsnachd, ag àrdachadh na tha de shusbaint sna meadhanan Gàidhlig agus ag àrach com-pàirt cruthachail sa Ghàidhlig agus anns na meadhanan Gàidhlig.
- 21.2. **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.
- 21.3. **Gnìomh:** thèid an obair a chur gu dol. (DC)

## 22. Deit na h-ath choinneimh 5/10/23, Glaschu

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: